

Rach air loidhne

Tha e luath 's furasta am foirm seo a lìonadh aig gov.uk/register-to-vote.

Clàraich airson bhòtadh

A' clàradh airson bhòtadh

'S urrainn dhut clàradh airson bhòtadh:

- Ma tha thu a' fuireach san RA (mar as trice) agus ma tha thu 16 no nas sine (ged nach urrainn dhut bhòtadh gus am bi thu 18).

Feumaidh tu am fiosrachadh air fad a dh'iarras am foirm seo a thoirt seachad (mur eil an caochladh ga innse) no dh'fhaodte gun tig dàil air an tagradh agad.

Feumaidh tu cuideachd a bhith aon chuid:

- Nad shaoranach Breatannach, Èireannach no an Aonaidh Eòrpaich air neo
- Nad shaoranach a' Cho-fhlaitheis aig a bheil cead fuireach san RA no cead a-steach dhan RA no aig nach eil feum air cead fuireach d' a leithid.

1 D' ainm agus seòladh

Ainm(ean)

Sloinneadh

An seòladh agad

Còd-puist

A bheil thu a' fuireach aig seòladh eile cuideachd? Cuir cromag ann. Chan eil Tha

Ma tha, cha leig thu leas an seòladh sin a thoirt dhuinn an-dràsta fhèin ach dh'fhaodte gun iarr sinn barrachd fiosrachaidh ort às dèidh seo.

Àireamh fòn (roghainneil)

Post-d (roghainneil)

Ma bheir thu dhuinn seòladh puist-d no àireamh fòn, bidh e furasta fios a chumail riut mun tagradh agad.

Fiosrachadh ceàrr

Ma tha dad a dh'fhiosrachadh againn a tha ceàrr, cuir loidhne troimhe is cuir am fiosrachadh ceart ann.

2 Do nàiseantachd

Ma tha barrachd air aon nàiseantachd agad, ainmich iad uile.
(Nach eil fhios agad dè do nàiseantachd? Faic earrann 9).

(barrachd fiosrachaidh air td 4)

3 An do rinn thu imrich sna 12 mhìos seo chaidh?

Cuir cromag ann. Cha do rinn Rinn Ma rinn, thoir dhuinn na seòlaidhean uile far an robh thu a' fuireach rè na bliadhna seo chaidh.

Còd-puist

Mas ann thall thairis a bha an seòladh seo, an robh thu clàraichte san RA mar neach-taghaidh bho thall thairis? Cuir cromag ann.

Cha robh Bha

(Barcode goes here)

4 Cuir a-steach latha do bhreith

L L

M M

B B B B

Mur eil fhios agad cuin a rugadh tu, cuir cromag ma tha thu:

Fo 18

18-75

Aois 76 no nas sine

(Nach eil fhios agad cuin a rugadh tu? Faic earrann 9).

(barrachd fiosrachaidh air td 4)

5 An Àireamh Àrachais Nàiseanta agad

Chì thu seo air a' bhileig phàighidh agad no air litrichean oifigeil mu chìsean, pheinnsean no shochairan.

(Nach eil fhios agad dè an Àireamh Àrachais Nàiseanta a th' agad? Faic earrann 9).

6 An do dh'atharraich thu d' ainm?

Innis dhuinn an t-ainm a bha ort dìreach roimhe seo (roghainneil).

Innis dhuinn dè an ceann-là air an do dh'atharraich thu d' ainm (roghainneil).

L L

M M

B B B B

(barrachd fiosrachaidh air td 4)

7 A bheil thu a' bhòtadh tron phost no tro neach-ionaid?

Cuir cromag gus sealltainn mar a tha thu airson bhòtadh agus cuiridh sinn foirm iarrais thugad no faodaidh tu foirm iarrais a luchdadh a-nuas aig electoralcommission.org.uk/voter. Bu chòir an earrann seo fhàgail bàn ma tha thu an dùil bhòtadh aig ionad-bhòtaidh gu pearsanta.

Tron phost

Tro neach-ionaid (cuideigin a bhòtas às do leth)

8 An clàr fosgailte

Tha an clàr fosgailte na ghiorrachadh dhen chlàr-bhòtaidh ach cha chleachdar e airson taghaidhean. Faodaidh duine sam bith a cheannach agus cleachdar gu tric e airson d' ainm is do sheòladh a dhearbhadh agus airson margaidheachd dhìreach.

Cuir cromag mur eil thu ag iarraidh d' ainm is do sheòladh air a' chlàr fosgailte.

(barrachd fiosrachaidh air td 4)

9 Nach eil fhios agad dè do nàiseantachd, latha-breith no d' Àireamh Àrachais Nàiseanta? An innis thu dhuinn carson?

Mur urrainn dhut am fiosrachadh seo a thoirt seachad, dh'fhaodte gun iarr sinn fianais eile ort mus dèilig sinn ris an iarrtas agad.

10 Daingneachadh

Tha mi a' fuireach aig an t-seòladh seo an-dràsta fhèin. Fhad 's fhiosrach mise, tha am fiosrachadh san fhoirm seo fìor. Tha mi a' tuigsinn gun tèid am fiosrachadh a thug mi seachad san fhoirm seo a chleachdadh air a' chlàr-bhòtaidh. Tha mi a' tuigsinn gum faodar càin £80 a leagail orm mura dèan mi tagradh clàraidh nuair a dh'iarrar seo orm. Tha mi a' tuigsinn gu bheil e na eucoir fiosrachadh a thoirt seachad is fios agam gu bheil e ceàrr agus gum faodar mo chur dhan phrìosan suas ri sia mìosan agus/no càin gun chrìoch a leagail orm ma thèid mo dhiteadh.

Ainm-sgrìobhte

Ceann-là an latha an-diugh

L L

M M

B B B B

Ma tha taic a dhìth ort a' lìonadh an fhoirm seo cuir fios thugainn leis an fhiosrachadh air taobh-duilleig 1.

(Barcode goes here)

Do nàiseantachd

Chan urrainn dhut clàradh airson bhòtadh san RA ach ma tha thu nad shaoranach Breatannach, (a' gabhail a-steach Sasannaich, Albannaich, Cuimrich no daoine à Èirinn a Tuath), Èireannach no an Aonaidh Eòrpaich air neo nad shaoranach a' Cho-fhlaitheis aig a bheil cead a thighinn a-steach dhan RA no a dh'fhuireach ann no aig nach eil feum air a leithid a chead. Dh'fhaodte gum feum sinn fianais a bharrachd mu do nàiseantachd no gun sgrùd sinn inbhe do nàiseantachd no in-imrich ann an clàran an riaghaltais. Ma tha barrachd air aon nàiseantachd agad, ainmich iad uile.

Cuir a-steach latha do bhreith

Mur eil fhios agad cuin a rugadh tu, innis dhuinn an ceann-là a chuireas tu air sgrìobhainnean oifigeil (can an cead-siubhail agad no an cead-draibhidh agad) no cuir cromag ann am bogsa. Tha ceann-là do bhreith a' dearbhadh cò thusa, gu bheil thu airidh air bhòtadh agus cleachdar e airson do ghairm gu seirbheis diùraidh.

An do dh'atharraich thu d' ainm?

Mar eisimpleir, dh'fhaodte gun do phòs thu agus gun do dh'atharraich d' ainm. Cha leig thu leas fiosrachadh mu atharrachadh ainm a thoirt dhuinn ach chuidicheadh e sinn gus d' aithneachadh. Mura toir thu seachad am fiosrachadh seo, dh'fhaodte gun iarrar ort fianais sgrìobhte eile a thoirt dhuinn.

An clàr fosgailte

Tha dà chlàr ann. Carson? Cumaidh na h-oifigearan clàraidh dà chlàr stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibh sinn on phoball – an clàr-bhòtaidh agus an clàr fosgailte (ris an canar an clàr deasaichte cuideachd).

Tha an clàr-bhòtaidh a' sealltainn ainm is seòladh gach duine a chlàraich airson bhòtadh ann an taghaidhean poblach. Cleachdar an clàr-bhòtaidh mu choinneamh thaghaidhean, can airson dèanamh cinnteach nach bhòt ach daoine aig a bheil cead bhòtaidh. Cleachdar e airson grunn rudan eile cuideachd a tha ceadachta fon lagh, mar eisimpleir:

- airson amas air eucoir (m.e. foill)
- airson daoine a ghairm gu seirbheis diùraidh
- airson tagraidhean creideis a sgrùdadh.

Tha an clàr fosgailte na ghiorrachadh dhen chlàr-bhòtaidh ach cha chleachdar e airson taghaidhean. Faodaidh duine, companaidh no buidheann sam bith a cheannach. Mar eisimpleir, cleachdaidh gnìomhachasan is carthannasan e gus ainmean agus seòlaidhean a dhearbhadh. Thèid d' ainm is seòladh a ghabhail a-staigh sa chlàr fosgailte mura iarr thu oirnn an toirt às. Ma bheirear air falbh d' ainm is seòladh on chlàr fosgailte, cha bhi buaidh aige sin air do chead bhòtaidh.

Ma tha dragh ort gum biodh droch-bhuaidh air do shàbhailteachd is d' ainm no seòladh air a' chlàr, dh'fhaodte gu bheil dòighean eile ann dhut cuideachd. Ann an cuid a shuidheachaidhean, is urrainn dhut clàradh gun d' ainm is seòladh a' nochdadh air a' chlàr. Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu oifis nan clàraidhean taghaidh agad. Gheibh thu an seòladh aca air taobh-duilleig 1 dhen fhoirm seo. Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mun dà chlàr agus mar a chleachdar iad aig gov.uk/register-to-vote

An aithris prìobhaideachd

Cruinnichidh sinn fiosrachadh fon stèidh laghail gu bheil e riatanach airson gnìomh a choileanadh a chùim math a' phobaill mar a chaidh a chur an cèill ann an Achd Riochdachadh nan Daoine 1983 agus ann an riaghailtean co-cheangailte rithe. Cumaidh sinn am fiosrachadh pearsanta agad tèarainte agus leanaidh sinn na laghan dìon dàta.

Ma cho-dhùin thu gun a bhith air a' chlàr fosgailte, cha chleachd sinn am fiosrachadh a bheil thu dhuinn ach airson adhbharan bhòtaidh, a' gabhail a-steach a bhith ga mhaidseadh ri tùsan dàta eile gus taic a thoirt dhan chlàr-bhòtaidh. Cha toir sinn fiosrachadh pearsanta do dhuine sam bith eile ach a-mhàin ma dh'fheumas sinn fon lagh. A rèir an lagha, feumaidh sinn am fiosrachadh agad a cho-roinn le tagraichean, pàrtaidhean poilitigeach agus luchd-iomairt airson adhbharan com-pàirteachaidh deamocratach agus le buidhnean reifreans creideis gus dearbhadh cò thusa nuair a chuireas tu a-steach airson creideas.

Mura h-eil thu air co-dhùnadh gun a bhith air a' chlàr fosgailte, faodaidh neach sam bith d' ainm agus do sheòladh a cheannach agus a chleachdadh airson grunn adhbharan, a' gabhail a-steach margaidheachd dhìreach.

'S e Oifigear Clàraidh nan Taighean an Rianadair. Feumaidh sgrìobhainn poileasaidh a bhith aca air a bheil sanas prìobhaideachd, a tha a' cur an cèill mar a bhios iad a' làimhseachadh dàta prìobhaideach. Faic an sanas prìobhaideachd aig «Web 2»

no cuir fios thugainn gus lethbhreac iarraidh. «ERO name» «ERO address» «ERO telephone»

Duilgheadas leis an fhoirm?

Cuir fios gu oifis nan clàraidhean taghaidh agad mur eil thu a' tuigsinn an fhoirm seo no ma tha taic a dhith ort ga lionadh – no ma dh'fheumas tu am foirm seo ann an clò mòr no ann an cruth eile. Gheibh thu an seòladh aca air taobh-duilleig 1 dhen fhoirm seo.

(Barcode goes here)